

Campachadh cùramach ann an teantaichean ann an Alba



Tha cead agad tlachd a ghabhail sa bhlàr a-muigh ann an Alba sa mhòrchuid dhen tìr fhad 's a nì thu seo air dòigh chùramach. Tha seo a' gabhail a-staigh campachadh aotrom ann an teantaichean fhad 's nach eil cus ann dhiubh agus fad a dhà no trì oidhcheannan san aon àite.

Tha pailteas làraichean-campachaidh stiùirichte ann an Alba far am faighear gach goireas a dh'fheumar airson tadhal tlachdmhor 's cofhurtail agus ann an àitichean tranga, 's iad seo an roghainn as fheàrr a ghnàth. Ma nì thu campachadh am badeigin eile, tha e cudromach gun lean thu Còd Slighean Dùthchail na h-Alba.

Mar a nì thu campachadh

- Bi suim agad de dhaoine eile - na cruinnich buidheann ro mhòr, bi sàmhach is cùm air falbh o thogalaichean is rathaidean. Ma bhios e trang ann, feuch àite eile.
- Na dèan campachadh ann an goirtean barra no raon air a bheil beathaichean.
- Thoir leat an stuth is sgudal air fad agad - na fàg lorg sam bith.

Còcaireachd

- Cleachd stòbha campachaidh.
- Na las teine fosgailte, BBQ no bobhla teine nuair a tha an aimsir air a bhith tioram no faisg air coilltean, talamh-àitich, togalaichean no làraichean eachdraidheil uair sam bith.
- Na leag craobhan idir 's na dèan cron sam bith orra.
- Lean ri stiùireadh ionadail sam bith ann an àitichean cugallach no aig amannan cugallach airson teine à rian a sheachnadh. Dèan aithris air teine sam bith air 999 sa bhad.

Taighean-beaga

- Cleachd taighean-beaga poblach ma bhios gin ann.
- Mur eil gin ann, cùm air falbh co-dhiù 30m o uisge fosgailte - thoir leat lioghag is cuir do shalachar san ùir.

Pàirceadh

- Chan eil na còraichean inntigidh a' gabhail a-staigh carbadan motair. Ma chuir na daoine aig a bheil pìos talmhainn poblach no prìobhaideach cuingeachadh no riaghailtean an sàs a thaobh pàircidh air an talamh aca, feumaidh tu gèilleadh ris.
- Na dèan cron air dad no thoir bacadh air càch, mar eisimpleir le bhith a' bacadh slighe a-steach do dh'àite no le bhith a' dèanamh dad a dh'fhàgadh e doirbh do dhaoine eile rathad no ceum a chleachdadh.
- Bi suim agad de shàbhailteachd chàich.
- Feuch is na dèan cron air fàl an rathaid.
- Cleachd pàirc-chàraichean ma tha gin faisg air làimh.

Cuimhnich gu bheil còraichean inntigidh agad dìreach fhad 's a bhios tu cùramach mu dheidhinn - chan eil iad nan leisgeul airson dad a tha an aghaidh an lagha.

Airson an tuilleadh fiosrachaidh is stiùireadh a bharrachd air gnìomhan eadar-dhealaichte, thoir sùil air làrach-lìn Còd Slighean Dùthchail na h-Alba.

CÒD SLIGHEAN
DÙTHCHAIL NA H-ALBA
outdooraccess-scotland.scot

